

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 67 (which corresponds to Litir 371). Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk.

Bha mi ag innse dhuibh mu Bhlàr na Lèine an t-seachdain sa chaidh. Bha sin aig ceann Loch Lòchaidh ann an còig ceud deug, ceathrad 's a ceithir (1544). Bha na Frisealaich an sàs ann. Chaill iad mòran dhaoine anns a' bhatail.

Tha na Frisealaich inntinneach. Thàinig iad a dh'Alba bhon Fhraing. Bha sin mu naoi ceud bliadhna air ais.

Agus tha lus inntinneach air an t-suaicheantas aca. Tha lus co-cheangailte ri gach cinneadh. 'S e an lus a tha co-cheangailte ris na Frisealaich – an *sùbh-làir*. Dè tha *sùbh-làir* a' ciallachadh? *The ground-berry*. Is dè a' Bheurla a th' air *sùbh-làir*? *Strawberry*. Agus 's e *sùbh-craoibh* a' Ghàidhlig air *raspberry*.

Co-dhiù, bha an *sùbh-làir* air suaicheantas nam Frisealach anns an treas linn deug. Ach carson? Uill, seo stòiridh bho bheul-aithris. Agus cuimhnichibh gur e *Fraser* a th' orra ann am Beurla.

Tha *Fraser* co-cheangailte ris an fhacal *fraise* ann am Fraingis. Tha *fraise* a' ciallachadh *sùbh-làir*. Tha na *tartes aux fraises* anns an Fhraing uabhasach math.

Bha fear Frangach ann air an robh Julius de Berry. Bha e a' cur *sùbhaichean-làir* don rìgh. Bha an rìgh uabhasach toilichte. Dh'òrdaich an rìgh dha ainm atharrachadh gu *Fraise*. Agus dh'òrdaich e dha *sùbhaichean-làir* a chur air a shuaicheantas.

Tha cuid ag ràdh gur e *Fraissier* an t-ainm a thagh an rìgh. Tha sin a' ciallachadh "fear a bhios a' giùlain *sùbhaichean-làir*." *Fraissier*. Tha e coltach ri *Fraser*, nach eil? Uaireigin às dèidh sin, dh'fhalbh feadhainn de na *Fraissiers* a dh'Alba.

Tha an stòiridh glè laghach. Ach a bheil e fìor? Tha amharas agam nach eil. Tha e stèidhichte air an ainm ann am Beurla. Ach 's e Friseal an t-ainm a th' orra ann an Gàidhlig. Chan eil Friseal is *fraise* cho coltach ri chèile, a bheil?

Tha cuid ag ràdh gur e *de Freselieres* an t-ainm a bh' air na Frangaich a thàinig a dh'Alba. *De Freselieres*. Chuir na Gàidheil *Friseal* orra, is chuir luchd na Beurla *Fraser* orra. Tha sin nas coltaiche, nach eil? Ach chan eil càil agam an aghaidh *sùbhaichean-làir*. Chan eil càil nas fheàrr na *sùbhaichean-làir* ann am bobhla le uachdar air latha teth samhraidh.

* * * * *

Faclan is abairtean: mu Bhlàr na Lèine an t-seachdain sa chaidh: *about the Battle of the Shirts last week*; aig ceann Loch Lòchaidh: *at the head of Loch Lochy*; chaill iad mòran dhaoine: *they lost many men*; thàinig iad a dh'Alba bhon Fhraing: *they came to Scotland from France*; air ais: *ago (back)*; air an t-suaicheantas aca: *on their [clan] badge*; a tha co-cheangailte ris na Frisealaich: *which is connected to the Frasers*; sùbh-làir: *strawberry*; sùbh-craoibh: *raspberry*; cuimhnichibh gur e Fraser a th' orra ann am Beurla: *remember [pl.] that it is Fraser they are called [that is on them] in English*; co-cheangailte ris an fhacal: *connected to the word*; tha na tartes aux fraises anns an Fhraing uabhasach math: *the strawberry tarts in France are very good*; bha fear Frangach ann air an robh: *there was a Frenchman called [on whom was]*; dh'òrdaich an rìgh dha [a] ainm atharrachadh: *the king ordered him to change his name*; dh'òrdaich e dha sùbhaichean-làir a chur air a shuaicheantas: *he ordered him to put strawberries on his [family] crest/badge*; tha cuid ag ràdh: *some people say*; gur e X an t-ainm a thagh an rìgh: *that it is X the name that the king chose*; fear a bhios a' giùlain sùbhaichean-làir: *a strawberry carrier*; uaireigin às dèidh sin: *sometime after that*; dh'fhalbh feadhainn a dh'Alba: *some left for Scotland*; glè laghach: *rather nice*; tha amharas agam nach eil: *I suspect not*; stèidhichte air: *based on*; chuir na Gàidheil Friseal orra: *the Gaels called them Friseal [the Gaels put Friseal on them]*; tha sin nas coltaiche: *that's more likely*; chan eil càil agam an aghaidh sùbhaichean-làir: *I have nothing against strawberries*; chan eil càil nas fheàrr: *there's nothing better*; ann am bobhla le uachdar: *in a bowl with cream*; air latha teth samhraidh: *on a hot summer's day*.

ends